

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

X229/301

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2009

DICIADAIN, 3 ÒGMHIOS
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE

Roinn A: Èisteachd (Ceistean)

Lion na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal

Làn ainm na sgoile no na colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Là breith

Là Mìos Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaid.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.



Roinn A: Èisteachd (Listening)

Ùine: 40 mionaid

Comharraidhean

CEISTEAN

1. (a) Ainmich na seòrsaichean cunnart a tha an lùib an Eadar-lìon, a rèir na h-aithris seo.

3

- (b) A dh'aindeoin sin, dè am beachd a tha an aithris a' toirt air an Eadar-lìon san fharsaingeachd?

3

2. Dè na rudan air an robh an sgrùdadh air an Eadar-lìon a' coimhead?

1

3. (a) Dè a' chiad rud a tha air ainmeachadh air a bheil an t-Eadar-lìon air buaidh a thoirt agus dè seòrsa buaidh a tha air a bhith aige?

2

- (b) Thoir dà eisimpleir air mar a tha cleachdadh an Eadar-lìon air buaidh a thoirt air na rudan a bhios daoine a' dèanamh an taobh a-muigh dhen dachaigh.

2

4. Carson a dh'fhaodadh e a bhith gu bheil na daoine a tha a' cleachdadh an Eadar-lìon a' dèanamh nas lugha feum dhen fòn?

2

5. (a) Dè an dà rud eile a tha air an ainmeachadh air nach eil daoine a' sealltainn cho tric air sgàth a bhith a' cleachdadh an Eadar-lìon?

2

(b) Dè an droch bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig a seo tro thìde?

2

6. Dè a' bhuaidh a tha aig an Eadar-lìon air mar a tha daoine ag obair an-diugh?

2

7. (a) Dè na cothroman a tha seo air a thoirt do luchd-obrach?

2

(b) Ainmich dà bhuidheann dhaoine dha bheil seo air diofar a dhèanamh.

2

8. Carson a tha daoine a' cur seachad nas lugha tìde a' dol dha na bùithtean, a rèir an sgrùdaidh?

3

[Tionndaidh an duilleag

Comharraidhean

9. (a) Ainmich aon diofar a shaoileadh duine a bhiodh sin air a dhèanamh.

2

- (b) Dè tha air innse, aig crìoch na h-earrainn, a chuireadh iongnadh oirnn?

2

(30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

X229/302

TEISTEANAIS DICIADAIN, 3 ÒGMHIOS
NÀISEANTA 1.00 PM – 1.40 PM
2009

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

This paper must not be seen by any candidate.

Ri fhosgladh leis an tidsear nuair gheibhear am pàipear.



STIÙIREADH DON TIDSEAR

MA THA AN EARRANN RI LEUGHADH A-MACH (ANN AN ÉIGINN A-MHÀIN)

1. **Bu chòir feum a dhèanamh de na deich mionaidean mus tòisich an deuchainn airson eòlas mionaideach fhaighinn air an earrainn. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chompàirteachadh ris na sgoilearan.**

2. **Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:**

Bidh 40 mionaidean agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh notaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. **Leughaibh an earrann a-mach, a' bruidhinn gu soilleir agus gu nàdarra agus gun barrachd air ceithir mionaidean a ghabhail ris an leughadh. Na mìnichibh dad le ur làmhan, le fiamh aodainn no eile.**

[A' CHIAD LEUGHADH DEN EARRAINN]

4. **Canaibh ris na sgoilearan:**

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

5. **Fanaibh 2 mhionaid, agus an uair sin leughaibh an earrann an dàrna uair, anns an aon dòigh san do leugh sibh i cheana agus a' gabhail a cheart uiread ùine.**

[AN DÀRNA LEUGHADH DEN EARRAINN]

6. **Canaibh ris na sgoilearan:**

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

7. **An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.**

STIÙIREADH DON TIDSEAR MA CHLUICHEAR AN CD

1. Tha an earrann air a clàradh dà thuras. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chompàirteachadh ris na sgoilearan.

2. **Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:**

Bidh 40 mionaidean agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh notaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. **Tòisichibh an t-inneal.**

[A' CHIAD CHLUICH DEN EARRAINN]

4. **Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, canaibh ris na sgoilearan**

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

(Na cuiribh air ais an CD.)

[CLUICH DEN EARRAINN]

5. **Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, stadaibh an t-inneal.**

6. **Canaibh ris na sgoilearan:**

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

7. **An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.**

EARRANN

Tha mòran air a bhith anns na meadhanan o chionn ghoirid mu na cunnartan a tha an cois an Eadar-lìon, mar eisimpleir a thaobh dhaoine a bhith gabhail brath air cloinn no a bhith ri mèirle. A dh'aindeoin sin, ge-tà, is e rud air leth feumail a tha anns an Eadar-lìon. Tha fhios nach eil goireas sam bith eile, mura bheil am fòn-làimhe fhèin, a tha air uimhir a' bhuaidh a thoirt air beatha dhaoine anns na deich bliadhna a dh'fhalbh.

Rinneadh sgrùdadh o chionn ghoirid air a liuthad seòrsa buaidh a tha aig an Eadar-lìon air caithe-beatha an t-sluaigh anns an latha an-diugh. Tha seo gu h-àraidh nochdte a thaobh na tha de chonaltradh eadar daoine an-diugh anns an dachaigh agus ann an coimhearsnachdan, taca ri mar a bha mus tàinig an t-Eadar-lìon. Tha na freagairtean a fhuair an luchd-sgrùdaidh a' dearbhadh gu robh buaidh aig an Eadar-lìon air a seo ged nach biodh daoine ga chleachdadh ach cho beag ri dà uair a thìde san t-seachdain.

Far an robh daoine a' cleachdadh an Eadar-lìon barrachd air a seo, bha iad ag aideachadh gun robh buaidh mhòr air a bhith aige air na bha iad a' dèanamh de dhol a-mach a choinneachadh ri daoine agus de ghabhail pàirt ann an cur-seachadan.

Bha iad fiù 's a' dèanamh nas lugha bruidhinn air am fòn, a rèir nam freagairtean a thug iad dhan sgrùdadh. A thaobh seo, bha an luchd-sgrùdaidh dhen bheachd gur dòcha gur ann a bhiodh iad a' cur post-dealain an àite fònadh no dìreach nach robh an loidhne-fòn saor airson fònadh fhad 's a bha iad air an Eadar-lìon.

Nochd an sgrùdadh cuideachd gun robh buaidh mhòr aig an Eadar-lìon air na bha daoine a' dèanamh de dh'fheum de na meadhanan traidiseanta mar telebhisean agus rèidio. An fheadhainn a bha ràdh gun robh iad a' cur seachad tòrr tìde san t-seachdain air an Eadar-lìon, bha iad, a rèir am freagairtean, a' coimhead fada na bu lugha de thelebhisean na chleachd iad. Bha iad a' leughadh na bu lugha de phàipearan-naidheachd cuideachd. Bha an luchd-sgrùdaidh den bheachd gum biodh buaidh aig a seo tro thìde air gnìomhachas an telebhisein.

Tha an t-Eadar-lìon cuideachd air an àireamh dhaoine àrdachadh a tha ag obair on taigh seach o oifis no àite-obrach. Tha e cuideachd air cothrom a thoirt do dhaoine fuireach ann an àitichean a tha a' còrdadh riutha. Ged a bhiodh an t-àite sin iomallach, rachadh aca air an obair-latha àbhaisteach a dhèanamh, ann am pàirt co-dhiù, tron Eadar-lìon. Tha seo air a bhith gu h-àraidh buannachdail do dh'aitichean dùthchail mar a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan agus do dhaoine a tha ceangailte ris an dachaigh air sgàth ciorraim no uallaichean teaghlaich.

B' e seòrsa eile buaidh a chuir an luchd-sgrùdaidh às leth an Eadar-lìon gu bheil nas lugha is nas lugha de dhaoine a' caitheamh tìde a-nise a' dol timcheall nam bùithtean. Mar as motha a bha daoine a' cleachdadh an Eadar-lìon san fharsaingeachd, 's ann a bu dualaiche iad a bhith ga chleachdadh airson a bhith a' sireadh fiosrachaidh agus airson a bhith a' ceannach stuthan.

Seach gun robh barrachd a' dèanamh an cuid obrach no a' ceannach aodach no biadh tron Eadar-lìon shaoileadh duine nach biodh uiread feum air càraichean. Cho-dhùin an sgrùdadh gun robh daoine fhathast a' cur seachad a' cheart uimhir a dh'ùine a' siubhal gu obair, no gu na bùithtean, nan càraichean!

[CRÌOCH NA H-EARRAINN]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

X229/303

TEISTEANAIS DICIADAIN, 3 ÒGMHIOS
NÀISEANTA 2.00 PM – 4.00 PM
2009

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE

Roinn B(i): Leughadh
Roinn B(ii): Sgrìobhadh
Roinn B(iii): Litreachas

Lion na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal

Làn ainm na sgoile no na colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Làtha breith

Là Mios Bliadhna

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaid.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



Leugh an sgeulachd agus freagair nad chainnt fhèin na ceistean a tha ga leantainn.

AN SOLAS ÙR

Bha an duine na shuidhe aig an deasg is e a' coimhead air an iuchair a bha mu choinneamh. Cha robh duine anns an rùm ach e fhèin. Rì thaobh bha trì telefonan – aon bhuidhe, aon dhearg agus aon uaine. Bha iad mar ghunnaichean a dh'fhaodadh spreadhadh mionaid sam bith. Thòisich tè aca a' seirm is thog e i.

“Chan eil cinnt agaibh, a-rèist?” thuirt e. Chuir e sìos am fòn 's chaidh e chun na h-uinneig. 'S e oidhche bhòidheach shamhraidh a bha ann is chitheadh e na daoine a' falbh air na sràidean mòra 's am brògan a' tàirneanaich air a' chloich. Os cionn nan taighean bha an solas uaine agus grian òir anns an adhar. Air oidhcheannan mar seo shaoileadh duine gun robh an saoghal gun chron, mar leug phrìseil. Smaoinich e air an adhar, gun fhios nach robh, aig an àm ud fhèin an nàmhaid a' gluasad.

Stad e. Bha gnogadh aig an doras.

“Thig a-steach,” dh'èigh e agus thàinig Soames a-steach. B' e Soames a sheirbhiseach. Bha e a' giùlan treidhe. Air an treidhe bha cupan cofaidh. Leig e sìos i air bòrd.

“Ur cofaidh,” ars esan. Bha e falbh a-mach nuair a chuir am fear-riaghlaidh stad air.

“Soames.” Sheall Soames air le ceist na shùilean.

“Suidh sìos.” Shuidh Soames sìos.

“Tha mise cho trang,” thòisich e. Cha tuirt Soames smid ach bha e sealltainn ris mar gum biodh e a' feitheamh òrdugh.

“Cho trang 's nach urrainn dhomh . . .” Stad e greis.

“Nach urrainn dhuibh eòlas fhaighinn air mo leithid-sa?” arsa Soames mu dheireadh.

“Seadh,” thuirt e. Agus an ceann greise, “Cò às a tha thu? A bheil teaghlach agad?”

“Às a' bhaile seo fhèin. Agus tha aon mhac agam . . . tha e anns a' cholaiste.”

Cha tuirt am fear-riaghlaidh guth. An uair sin thuirt Soames, “Eil fhios agaibh, chan e sgoilear dìcheallach a tha ann . . . chan eil spèis aige do chàil ach ball-coise . . . tha e ag iarraidh a' cholaiste fhàgail is dol gu sgioba mòr ball-coise . . . ach cha leig sinn leis . . .”

Ball-coise! smaoinich am fear-riaghlaidh ris fhèin. Bha an saoghal làn de dhaoine mar Soames agus a mhac aig nach robh spèis do chàil ach ball-coise. Bha cus mì-rian anns an t-saoghal . . . daoine mar Soames a' falbh air fheadh len cuid mhuladan.

Smaoinich e air Ealasaid. Dè 'n aois a bha i nise?

“Dè dhèanadh tu mu do mhac nam biodh an saoghal a' tighinn gu ceann a-nochd?” dh'fhaighnich am fear-riaghlaidh.

“Chanainn ris gu feumadh e leantainn air sa cholaiste an aon rud,” thuirt Soames.

Nach eil sin amaideach! smaoinich am fear-riaghlaidh ris fhèin.

An uair sin smaoinich e air Ealasaid, a nighean fhèin. Cha robh càil a dh'fhios aige càite an robh i ach gun smaoinichadh thog e am fòn uaine is dh'iarr e an taigh. Bhruidhinn e ri cuideigin is mu dheireadh chuir e sìos am fòn. Cha robh i staigh. Càite robh i? Gu grad, smaoinich e gur dòcha nach fhaiceadh e tuilleadh i. Sa mhionaid seo fhèin, dè dh'fhaodadh a bhith a' dìreadh dhan adhar mar nathair ann an gàrradh sgòthan?

“Tha rudeigin a' cur dragh oirbh,” arsa Soames.

“Chan eil . . . uill, tha,” arsa esan. Ach ciamar a b' urrainn dha seo innse do Soames.

“Tha mi smaoinichadh mu Ealasaid,” thuirt e mu dheireadh, agus nuair a thuirt e na facail dh'aithnich e gun do leum e astar gun ainm.

“Ur nighean?” arsa Soames. Chunnaic am fear-riaghlaidh airson a' chiad uair gun robh peann uaine am pòcaid-broillich Soames 's gun robh e coltach ris an uaine san adhar.

“Tha sibh ceart,” thuirt e. “Cumaibh anns a' cholaiste e.”

Mus robh am facal ceart a-mach às a bheul, thòisich an telefon a' seirm. B' e an tè uaine a bha ann is cha robh eagal air. Thog e gu chluais i.

“A, Ealasaid!” thuirt e. “B' fheàrr leam gun tigeadh tu nuas gam fhaicinn cho luath 's is urrainn dhut . . . 's urrainn! . . . tha thu cinnteach? Tha mi cho toilichte, cho toilichte . . .” Rinn e gàire mòr, àrd. “Dè? Cha do chaill, cha do chaill mi mo chiall,” thuirt e agus chuir e sìos am fòn.

Thionndaidh e ri Soames. Dìreach an uair sin, thòisich an telefon a' seirm. Ruith am fear-riaghlaidh a-null ach, dìreach air dha a làmh a chur sìos air an telefon uaine, dh'aithnich e gur e an tè dhearg a bha a' seirm.

*Ath-aithris ghoirid air an sgeulachd, 'An Solas Ùr' le Iain Mac a' Ghobhainn
[air a h-atharrachadh]*

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

1. Tha an sgrìobhaiche a' samhlachadh nam fònaichean ri gunnaichean a' spreadhadh agus fuaim brògan nan daoine air an t-sràid ri tàirneanaich.

(a) Dè an seòrsa faireachdainn a tha na fuaimean sin a' cur an cèill?

2

(b) Dè tha sin a' sealltainn mun t-seòrsa suidheachadh a tha an sgrìobhaiche a' dealbhachadh dhuinn?

2

2. Tha na rudan a rinn Soames nuair a thàinig e steach air an innse dhuinn ann an seantansan beaga, sgiobalta. Dè na do bheachd a tha seo a' samhlachadh mu Shoames fhèin?

2

3. (a) Carson a tha thu smaoinich nach do fhreagair Soames nuair a thuir am fear-riaghlaidh ris an toiseach gun robh e trang?

2

(b) Carson a tha Soames a' ràdh uimhir aon uair 's gun do thòisich e a' bruidhinn ris an fhear-riaghlaidh?

2

Comharraidhean

4. (a) An do ghabh am fear-riaghlaidh ùidh ann am freagairt Soames?

1

(b) Carson, na do bheachd?

2

5. Ciamar a tha an seòrsa ceangal a tha eadar Soames agus a mhac eadar-dhealaichte on chàirdeas eadar an riaghladair is an nighean aige?

4

6. (a) Nuair a smaoinich am fear-riaghlaidh air “dè dh’fhaodadh a bhith a’ dìreadh dhan adhar”, dè an seòrsa rudan air a bheil e a’ smaoinichadh?

1

(b) Dè tha an ìomhaigh “nathair ann an gàrradh” a’ samhlachadh, na do bheachd?

2

7. Dè tha an sgrìobhaiche a’ ciallachadh le bhith ag ràdh gun ‘do leum am fear-riaghlaidh astar gun ainm’ nuair a dh’inns e do Soames gun robh dragh air mun nighean aige.

2

[Tionndaidh an duilleag

8. Carson a tha am fear-riaghlaidh cho fìor thoilichte gu bheil Ealasaid a' dol a thighinn a choimhead air?

2

9. Tha dathan cudromach mar shamhlaichean anns an sgeulachd, mar eisimpleir: na fonaichean sa chiad paragraf; an t-adhar uaine; grian òir; an t-adhar a' tionndadh dearg; am peann uaine aig Soames; am fòn dearg aig an deireadh.

Tagh a trì dhiubh sin agus innis dè a tha na dathan a' ciallachadh an sin.

3

10. Carson a tha thu a' smaoinichadh nach eil am fear-riaghlaidh air ainmeachadh anns an sgeulachd?

1

11. Dè tha an tiotal, 'An Solas Ùr', a' ciallachadh?

2

(30)

Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.

1. **‘Miann an airgid.’** Sgrìobh mun chuspair seo, ann an dòigh sam bith a thogras tu. **(30)**

2. “Mura bi pàrantan òga an latha màireach a’ bruidhinn na Gàidhlig rin cuid chloinne, cha bhi a’ Ghàidhlig ann san àm ri teachd, a dh’aindeoin nan sgoiltean.”
Thoir do bheachd air a’ chuspair seo. **(30)**

3. Thoir cunntas air fèis-chiùil mhòr, traidiseanta no rock, mar gum biodh tu a’ sgrìobhadh artaigil air ann am pàipear-naidheachd. **(30)**

4. *Bheireadh e gàire air cat.*
Sgrìobh mu neach no tachartas mum bheil seo fìor.
No
“Bidh mi toilichte gu leòr mura tachair a leithid dhomh gu bràth tuilleadh.”
Sgrìobh sgeulachd ghoirid a’ crìochnachadh leis an t-seantans seo. **(30)**

5. Nuair a ruitheas an ola a-mach . . . **(30)**

[Tionndaidh an duilleag

Freagair AON cheist:

ROSG (Prose)

1. Tagh dà sgeulachd (no dà nobhail) a tha a' dèiligeadh ris an aon chuspair ann an diofar dhòighean. Seall dè na dòighean anns a bheil iad *coltach* agus *aocaltach* ri chèile.

Faodaidh tu tarraing a thoirt air nòs – ùr no traidiseanta – stoidhle, structar no caractar nad fhreagairt.

(30)

2. Tagh aon sgeulachd anns a bheil tòrr feum air a dhèanamh de iomhaighean agus samhlaidhean gus brìgh na sgeulachd a chur an cèill. Thoir cunntas mionaideach air an sgeulachd airson sealltainn mar tha an sgrìobhaiche air sin a dhèanamh.

(30)

3. Tagh sgrìobhaiche rosg is toil leat agus innis beagan mun sgrìobhaiche fhèin agus beagan mu na cuspairean air am bi e/i a' sgrìobhadh. Thoir cunntas air an dà phìos rosg a b' fheàrr a chòrd riut bhon sgrìobhaiche seo agus minich na tha e/i ag ràdh annta.

(30)

BÀRDACHD (Poetry)

4. Tagh aon phìos bàrdachd. Innis mun dòigh a tha a' bhàrdachd air a cur ri chèile, ceum air cheum, airson amas a' bhàird a choileanadh.

Nad fhreagairt faodaidh tu bualadh air: structar, amas stoidhle is nithean iomchaidh eile.

(30)

5. Tagh aon phìos bàrdachd anns a bheil caractar sònraichte air a chur far comhair. Innis mar a tha am bàrd a' toirt dealbh dhuinn air coltas agus nàdar a' charactair agus a' bhuidhe a bha aige/aice air daoine eile.

Nad fhreagairt faodaidh tu bualadh air tuairisgeul, samhlaidhean no nithean iomchaidh eile.

(30)

6. Tagh aon phìos bàrdachd anns a bheil tòrr feum air a dhèanamh de iomhaighean gus brìgh na bàrdachd a chur an cèill. Thoir cunntas mionaideach air mar a tha an dòigh-sgrìobhadh seo ag obrachadh anns an dàn seo.

(30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

ACKNOWLEDGEMENTS

Roinn B (i) Leughadh—Extract is adapted from *An Solas Ur* taken from *An Dubh is An Gorm* by Iain C Smith. ISBN 09 0 66 230 22. Published by Glasgow University Gaelic Publishers. Reproduced by permission of Glasgow University Gaelic Publishers.

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B(i)	Leughadh / 30
B(ii)	Sgrìobhadh / 30
B(iii)	Litreachas / 30
Total	120